



Poileis a' Chinn a Tuath

Dreachd

Plana Cànan na Gàidhlig

Deasaichte a rèir earrann 3 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 18 Sultain 2012.

Ro-ràdh

Mar Àrd-Chonstabal Poileis a' Chinn a Tuath tha mi air leth toilichte cothrom a bhith agam thoirt gu ur n-aire Plana Cànan na Gàidhlig againn airson na geàrr ùine 2012-2013. Mar a bhios fhios agaibh, bho 1 Giblean 2013 bidh Poileis a' Chinn a Tuath a' gluasad gu bhith mar phàirt de Sheirbheis Poileis na h-Alba. Aig an àm sin, feumar am plana seo ath-sgrùdadh airson aire ghabhail de chruth obrach ùr a' phoileis. (*Ma thèid dàil a chur sa cheann latha seo cumar am plana seo an gnìomh gus am bi Seirbheis Poileis na h-Alba gu tur an gnìomh*).

Bheir an obair co-cheangailte ris a' Phlana Ghàidhlig a nì Poileis a' Chinn a Tuath sa bhliadhna ri teachd cothrom dhuinn meudachadh is leudachadh a dhèanamh air inbhe na Gàidhlig, agus mar sin bhitheamaid an dòchas a bhith air thoiseach air gnìomhachadh Plana na Gàidhlig a dh' fhaodadh a bhith aig Seirbheis Poileis na h-Alba.

Mar Fheachd a tha a' libhrigeadh obair poileis àrd-ghnàthaichte, èifeachdach is co-fhreagarrach, tha sinn ag aithneachadh nan dùilean is nan amasan a th' ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha sinn a' cur fàilte air a' chothrom seo airson na tha sinn a' tabhann a leasachadh. Le bhith ag aithneachadh luach is dualchas na Gàidhlig mar mheadhan obrach ann an sgìrean de Phoileis a' Chinn a Tuath agus prìomhachas co-ionannachd, leigidh am plana seo leinn a bhith a' cuimseachadh air leudachadh is misneachadh dhaoine gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nar n-obair làitheil.

George Graham BA (Hons)
Àrd-Chonstabal

Clàr-innse

Geàrr iomradh	T.D. 4
Cruth Plana na Gàidhlig	T.D 5
Caibideil 1 Ro-ràdh	T.D 6
<ul style="list-style-type: none">• Tuairisgeul de Phoileis a’ Chinn a Tuath• Gàidhlig ann an àrainn obrach Poileis a’ Chinn a Tuath• Aontachadh Plana na Gàidhlig	
Caibideil 2 Prìomh Dhleastanasan	T.D 15
<ul style="list-style-type: none">• Dearbh-aithne• Conaltradh• Foillsichidhean• Luchd-fastaidh	
Caibideil 3 Builean Poileasaidh airson Gàidhlig agus gnìomhachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig	T.D 22
<ul style="list-style-type: none">• Ionnsachadh cànan• Cleachdadh cànan• Inbhe cànan• Corpus cànan	
Caibideil 4 Buileachadh agus Sgrùdadh	T.D 27

Geàrr iomradh

Tha Poileis a' Chinn a Tuath ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na prìomh phàirt de dhùthchas na h-Alba; de a fèin aithne nàiseanta agus a beatha chultair. Tha dealas air Poileis a' Chinn a Tuath a thaobh nan amasan a tha air an taisbeanadh anns a' Phlana Nàiseanta airson Gàidhlig agus tha iad air structairean agus iomairtean riatanach a chur air chois a nì cinnteach gum bi a' bhuidheann a' cur ri soirbheachadh na Gàidhlig an Alba san àm ri teachd..

Tha Poileis a' Chinn a Tuath ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig air leth cugallach. Ma tha Gàidhlig dol a bhith air a h-ùrachadh mar bheò-chànan an Alba gu lèir, feumar iomairt co-òrdanaichte a chur air chois eadar an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd is luchd-labhairt na Gàidhlig. Bu chòir don iomairt seo a bhith:

- a' meudachadh inbhe na Gàidhlig
- a' brosnachadh togail is ionnsachadh na Gàidhlig
- a' misneachadh dhaoine gu barrachd feum a dhèanamh den Ghàidhlig.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Poileis a' Chinn a Tuath, deasaichte fo bhratach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas a' bhuidheann cànan na Gàidhlig agus mar a chuireas i a' Ghàidhlig gu feum ann an conaltradh ris an t-sluagh agus ri prìomh chompartichean, agus mar a bhrosnaicheas is mar a leudaicheas i a' Ghàidhlig.

Chaidh Plana Gàidhlig Poileis a' Chinn a Tuath a dheasachadh a rèir slatan-tomhais le inbhe laghail anns an Achd 2005, agus a' toirt aire don *Plana Nàiseanta airson Gàidhlig* agus an *Stiùireadh air Deasachadh Planaichean Gàidhlig*.

Cruth Plana na Gàidhlig

Is iad prìomh eileamaidean Plana na Gàidhlig:

Caibideil 1 – Ro-ràdh

Tha a' chaibideil seo a' soilleireachadh eachdraidh is suidheachadh co-cheangailte ri deasachadh Planaichean Gàidhlig fon Achd 2005 agus structair prìomh àrainnean obrach Poileis a' Chinn a Tuath. A thuilleadh air sin tha e a' toirt geàrr iomradh air suidheachadh labhairteach na Gàidhlig.

Caibideil 2 – Prìomh Dhleastanasan

Tha a' chaibideil seo a' cur an cèill mar a chleachdas is mar a ghnìomhaicheas Poileis a' Chinn a Tuath a' Ghàidhlig an lùib a phrìomh roinnean obrach. Tha e a' còmhach prìomh roinnean obrach mar aithne chorporra, soidhnichean agus conaltradh an dà chuid taobh a-staigh na seirbheis agus leis a' phoball agus a' cleachdadh Gàidhlig air an làraich-lìn. Tha a' chaibideil seo cuideachd a' toirt iomradh air an ìre sholarachaidh a tha a' bhuidheann a' gealltainn airson na Gàidhlig tro bheatha a' phlana seo.

Caibideil 3 – Builean Poileasaidh airson Gàidhlig: A' buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha a' chaibideil seo a' cur an cèill mar a chuidicheas Poileis a' Chinn a Tuath le bhith a' toirt *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* gu buil. Tha e cuideachd a' dèanamh soilleir mar a bhrosnaicheas e cleachdadh na Gàidhlig ann an dealbhachadh agus libhrigeadh na seirbheis, gu h-àraidh ann an earrannan poileasaidh co-cheangailte ri fastadh agus conaltradh. A thuilleadh air sin tha a' chaibideil seo a' toirt iomradh air mar a bheirear aire don Ghàidhlig agus Plana Gàidhlig na buidhne nuair a thathas a' deasachadh poileasaidhean ùra agus a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

Caibideil 4 – Buileachadh agus Sgrùdadh

Tha a' chaibideil seo a' cur an cèill mar a thèid Plana na Gàidhlig a chur an gnìomh, agus mar a thèid adhartas agus builean-coileanaidh a sgrùdadh.

CAIBIDEIL 1 RO-RÀDH

Lèirmheas air Achd na Gàidhlig 2005 agus deasachadh Planaichean Gàidhlig

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a chur an gnìomh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil ri inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil leis an aon mheas ri Beurla ann an Alba.

Aig an àm seo, tha a' Ghàidhlig ann an cunnart mòr. Tha suidheachadh a' chànain air leth cugallach agus tha crìonadh san àireamh fhileantaich no aig a bheil i mar chànan màthaireil anns na sgìrean far an robh i gu dùthchasach a' cur beòthalachd na Gàidhlig ann an dearg chunnart mar bheò-chànan ann an Alba. Tha e riatanach gun tèid ceuman susbainteach a ghabhail gus am bi a' Ghàidhlig soirbheachail san àm ri teachd ann an Alba.

Is e aon de prìomh fheartan Achd 2005 cead a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig (prìomh bhuidheann leasachaidh na Gàidhlig aig Pàrlamaid na h-Alba) iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an t-uallach seo a dhealbh air dhòigh is gum biodh prìomh phàirt aig an roinn phoblaich ann an cruthachadh soirbheachadh susbainteach airson Gàidhlig le bhith ag àrdachadh ìre agus inbhe a' chànain agus a' dealbh cothroman practaigeach airson a cleachdadh.

Riathanas airson Plana na Gàidhlig a dheasachadh

B' e Bòrd na Gàidhlig a dh'iarr gun deasaicheadh buidhnean poblach Plana Gàidhlig nuair a chuir iad brath foirmeil a-mach co-cheangailte ri seo fo earrann 3 de Achd 2005. Ann an 2009 chuir Bòrd na Gàidhlig brath foirmeil gu Poileis a' Chinn a Tuath.

Prìomh uallaichean ann an deasachadh Plana Gàidhlig

Tha Achd 2005 a' cur an cèill slatan-tomhais sònraichte air am feum buidhnean a tha a' deasachadh Planaichean Gàidhlig beachdachadh. Tha iad sin air an dealbh gus dèanamh cinnteach gum bi Planaichean Gàidhlig coitcheann, cunbhalach agus freagarrach do shuidheachadh na buidhne a tha deasachadh a' phlana.

- 1) An ìre gu bheil an fheadhainn air a bheil seirbhisean an ùghdarras a' toirt buaidh a' cleachdadh na Gàidhlig agus a' chomasachd a th' ann cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh an lùib libhrigeadh nan seirbhisean sin.

Tha an t-uallach seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach gun toir na Planaichean Gàidhlig a th'air an deasachadh le buidhnean poblach an aire, an dà chuid do dh'àireamh an luchd-labhairt nan sgìrean obrach agus cothroman airson cleachdadh a' chànain a leudachadh. San fharsaingeachd, tha dùil gun deasaich na buidhnean poblach anns a bheil àireamh shusbainteach de luchd-labhairt nan sgìrean obrach na Planaichean Cànan as treise.

- 2) Stiùireadh reachdail fo earrann 8 de Achd 2005 air deasachadh Planaichean Gàidhlig foillsichte le Bòrd na Gàidhlig.

Dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig stiùireadh reachdail fo earrann 8 de Achd 2005, a tha comhairleachadh mar bu chòir Planaichean Gàidhlig a dheasachadh agus air na bu chòir buidhnean poblach a chur do na planaichean aca.

- 3) Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Is e sgrìobhainn reachdail a th'ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a tha air a dhealbh le Bòrd na Gàidhlig fo earrann 2 de Achd 2005. Tha Am Plana Nàiseanta a' tabhann sealladh cunbhalach de dh'fheumalachdan leasachaidh na Gàidhlig, a' còmhach togail cànan; cleachdadh cànan; inbhe cànan agus nithean co-cheangailte ri corpus cànan. Tha e a' cur an cèill prìomhachasan airson leasachaidhean ann an Gàidhlig agus ag ainmeachadh nam buidhnean a dh'fhaodadh cur ri coileanadh nam prìomhachasan.

- 4) Tagraidhean a dh'ionnsaigh na buidhne a tha a' deasachadh plana air mar a chleachdas i Gàidhlig.

Tha an dleastanas seo air a dhealbh gus an toir buidhnean poblach spèis do bheachdan luchd-tagraidh nuair a dheasaichear Planaichean Gàidhlig.. 'S e co-chomhairleachadh poblach am prìomh dhòigh a th' aig Poileis a' Chinn a Tuath air beachdan an t-sluaigh fhaighinn.

- 5) Spèis cho-ionann:

Chaidh prionnsapal spèis cho-ionann fhilleadh anns an Achd 2005 le Pàrlamaid na h-Alba mar theisteanas air beairteas is luachmhorachd na Gàidhlig, ag aithneachadh gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig a' sùileachadh Gàidhlig a chleachdadh cho nàdarra 's a ghabhas nam beatha, gum bu chòir fialaidheachd spioraid a thaobh Gàidhlig nochdadh air feadh Alba, agus nach bu chòir don chànan cion diù fhulang bho neach no buidheann sam bith.

Tha stiùireadh a' Bhùird ag ràdh nach eil co-ionannachd don Ghàidhlig a' ciallachadh gun tèid spèis cho-ionann a thoirt dha Gàidhlig is Beurla no gu feum ìre shònraichte de Ghàidhlig a bhith ann anns a h-uile suidheachadh. An àite sin, tha e brosnachadh buidhnean poblach, ge b' e dè an suidheachadh cànan anns a bheil iad ag obair, dèanamh cinnteach gum bi iad taiceil is fialaidh ri leasachadh na Gàidhlig. Bu chòir an dealbh a chum is gun ceadaichear cleachdadh na Gàidhlig uimhir 's a ghabhas is mar a tha sin a' freagairt air suidheachadh gach buidhne fa leth.

Co-chomhairle air dreachd de Phlana Gàidhlig

Tha Achd 2005 a' cur impidh air buidhnean poblach deasachadh Plana Gàidhlig a thoirt fa chomhair buidhnean aig a bheil ùidh ann. Tha Poileis a' Chinn a Tuath air comhairle phoblach a ghabhail air dreachd a' Phlana Ghàidhlig aca; agus tha iad air sùim a ghabhail de mholaidhean a fhuaras rè a' cho-chomhairleachaidh.

Aontachadh Plana Gàidhlig Poileis a' Chinn a Tuath

Air an 18 den t-Sultain 2012 dh'aontaich Bòrd na Gàidhlig ri Plana Gàidhlig Poileis a' Chinn a Tuath a rèir earrann 5(1)(a) de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Is e Plana Gàidhlig, deasaichte a rèir earrann 3 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a tha anns an sgrìobhainn seo.

Cunntas mu obair Poileis a' Chinn a Tuath agus mu chleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh ar Raon Obrach

Bun fhiosrachadh mu Phoileis a' Chinn a Tuath

Tha sgìre Poileis a' Chinn a Tuath a' còmhach Gàidhealtachd is Eileanan na h-Alba, sgìre air leth meudmhor de 10,000 mìle ceàrnach, an ìre mhath co-ionann ris a' Bheilg, bho Ghallaibh, Arcaibh agus Sealtainn anns a' cheann a tuath, Ros is Crombaidh, gu cridhe na Gàidhlig an Innse Gall is an Eilein Sgitheanaich anns an iar, gu Inbhir Nis, Bàideanach, Strath Spè agus Nàrainn anns an ear, agus Lochabar gu deas. A' frithealadh sluagh mu 300,000 neach, tha am Feachd a' cleachdadh stoidhle maoirseanachd coimhearsnachail a tha a' toirt deagh aire do dh'fheumalachdan gach coimhearsnachd agus 's e am Feachd aon de na h-ochd Feachdan Poileis a tha a' frithealadh Alba. Ged a tha na h-ochd Feachdan ag obair gu cunbhalach fon aon bhratach lagha agus a' co-obrachadh gu dlùth, tha gach Feachd na bhuidheann neo-eisimeileach fo stiùireadh Àrd-chonstabail le dleastanas sònraichte airson sgìre ainmichte de dh'Alba. Atharrachaidh seo fo bhratach ath-leasachaidh a' Phoileis nuair a thig na h-ochd feachdan gu bhith nan aon Sheirbheis Poileis Alba ann an 2013.

Cruth Ùghdarrais is Rianachd

Tha mu thimcheall air 1400 neach fastaichte leis an Fheachd, anns a bheil faisg air 800 oifigear poileis, 200 constabal spèisealta, agus 400 neach-taice¹. Tha trì mòr-roinnean sgìreil maoirseachnail ann, An Tuath, Am Meadhan agus An Ear gus am bi soilleireachd structair ann ach le prìomhachas air smachd ionadail. Is iad na trì mòr-roinnean:

- An Tuath - Gallaibh, Cataibh, Ros an Ear, Baile Dhubhthaich, Arcaibh agus Sealtainn.
- Am Meadhan - Innse Gall, Lochabar, An t-Eilean Sgitheanach, Ros is Crombaidh
- An Ear - Inbhir Nis, Bàideanach, Strath Spè agus Nàrainn.

¹Tha na h-àireamhan sin air an cothromachadh suas neo sìos a-rèir atharrachaidhean ann an luchd-fastaidh.

Fo cheannas Stiùireadair, tha na Roinnean sin gu ìre mhòr co-ionann ri roinnean rianachd Comhairlean na Gàidhealtachd agus nan Eilean Siar, agus tha iad a' toirt rianachd fad-lèirsinneach agus stiùireadh do dh'Ùghdarrasan roinneil. Taobh a-staigh nan Roinnean sin tha ochd Sgìrean Ùghdarrais eadar-dhealaichte gach tè fo cheannas Àrd Inspector ionadail mar Chomanndar na sgìre. Is iad na h-Ùghdarrasan sgìreil:

- Na h-Eileanan Siar
- Ros, Crombaidh is an t-Eilean Sgitheanach
- Lochabar
- Inbhir Nis
- Bàideanach, Strath Spè agus Nàrainn
- Gallaibh is Cataibh
- Arcaibh
- Sealtainn

Tha ceannas aig na Stiùireadairean Roinneil air an luchd-obrach gu lèir anns an sgìre aca. Tha iad a' cumail smachd air obair làitheil na Roinne tron bhuidhinn stiùiridh aca agus a' dleasadh uallach airson rianachd agus gnìomhan innleachdail ann a bhith a' libhrigeadh maoirseanachd ionadail. Tha Stèiseanan Poileis suidhichte air feadh gach Ùghdarrais sgìreil. Tha Inspector os cionn gach Buidhne Maoirseanach Ionadail agus tha iadsan a' tabhann eòlas obrach ionadail, a' freagairt iarrtasan cobhair agus a' nochdadh cunntasachd.

Is e Inbhir Nis a' phrìomh chathair-bhaile ann an sgìre obrach Poileis a' Chinn a Tuath agus le àireamh sluaigh mu thimcheall 76,000 tha e na mhòr roinn obrach airson na Feachda. Tha prìomh oifisean Poileis a' Chinn a Tuath suidhichte an seo agus a' tabhann stiùireadh ro-innleachdach is leasachadh na Feachda. Tha Àrd-chomhairle na Feachda, aig am bi coinneamh chomhairleachaidh gach Diluain gus beachdachadh air cùisean ro-innleachdail is cùisean co-cheangailte ri poileasaidh na Feachda air a stèidheachadh aig prìomh oifisean Poileis a' Chinn a Tuath ann an Inbhir Nis. Is iad buill na h-Àrd-Chomhairle:

- An t-Àrd-chonstabal
- An Leas Àrd-chonstabal
- Àrd-Stiùireadair (Ceannard Iomairtean)
- Àrd-Stiùireadair (Ceannard Seirbheisean-taice)
- Stiùiriche Ghoireasan Daonna
- Stiùiriche Ionmhais agus Rianachd Seilbhe

Tha Aonadan Seirbheise Poileis a' Chinn a Tuath, a tha air an co-òrdanachadh an dà chuid le Oifigearan Poileis agus Luchd-obrach a' Phoileis, cuideachd suidhichte aig prìomh oifisean na Feachda ann an Inbhir Nis. Tha gach aon de na seachd aonadan seirbheise a' toirt taic deatamach don Fheachd agus air an dèanamh suas le na seirbheisean a leanas:

- Taic Obrach
- Seirbheisean Eucoir
- Goireasan Daonna
- Ionmhas agus Rianachd Seilbhe

- Seirbheisean Corporra
- Aonad nan Ìrean Proifeiseanta is nan Gearan

Prìomhachasan Ro-innleachdail

Tha Am Feachd a' cur air dòigh sreath choinneamhan a dhealbhas ro-innleachdan mar phàirt den chearcall planaidh bliadhnail. Tha Manaidsearan Seirbheise na Feachda agus buill de Bhòrd Aonaichte Poileis a' Chinn a Tuath ag obair còmhla a' sgrùdadh amasan na buidhne le sùil shònraichte air piseach a thoirt air obair na Feachda. Leudaichidh agus leasaichidh seo raon sheirbheisean maoirseanail na Feachda, agus aig a' cheart àm thèid suim a thoirt do dh'fheumalachdan agus miannan ar coimhearsnachdan air fad.

Is iad na builean coileanaidh ro-innleachdail:

- Ìsleachadh Eucoir
- Coimhearsnachdan nas Sàbhailte
- Daoine laga a' faighinn dìon nas fheàrr bho dhroch dhìol
- Lùghdachadh ann am buaidh ana-cleachdaidh dibhe agus giùlan mi-stuama
- Ceannairc agus eagal ro cheannairc islichte
- Seirbheis àrd-gnàthach, beusanta agus proifeiseanta
- Feachd nas èifeachdaiche a tha a' tabhann fìor luach airgid
- Sàr-mhaitheas obrach le bhith a' cothromachadh leasachaidh cunbhalach agus taice do ar luchd-obrach.

Co-ionannachd is Iomadachd

Tha Sgeama Co-ionannachd Shingilte Poileis a' Chinn a Tuath 2009-2012 a' libhrigeadh co-ionannachd is iomadachd agus mar sin tha e a' taisbeanadh suidheachadh poileasaidh a tha iomchaidh airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus a mhisneachadh ann an seirbheisean Poileis a' Chinn a Tuath. Tha obair nam buidhnean a leanas **(a is b)** deatamach ann a bhith a' coileanadh co-ionannachd is iomadachd.

a) Buidheann Adhartais Co-ionannachd is Iomadachd

Tha Buidheann Adhartais Co-ionannachd is Iomadachd a' gabhail a-steach manaidsearan nan Aonadan Seirbheise air fad taobh a-staigh Prìomh Oifisean na Feachda le riochdairean bho na h-Ùghdarrasan Roinneil agus bho Bhòrd Aonaichte Poileis a' Chinn a Tuath. Tha a' bhuidheann a' coinneachadh gach ceathramh agus tha na leanas an urra rithe:

- 1) Cumail smachd air leasachadh, cur an gnìomh, agus luachadh Sgeamaichean Co-ionannachd agus Planaichean Gnìomha co-cheangailte ri cinneadh, gnè agus ciorramachd
- 2) A' moladh is a' leasachadh sàr chleachdaidhean ann an sgrùdadh agus a' mùchadh eucoir a tha ag èirigh bho iomadachd

- 3) A' toirt aithisg gach ceathramh tron Bhuidhinn air Seirbheisean Rianachd air an adhartas ann an sgeamaichean co-ionannachd agus a' sireadh aonta dha atharrachaidhean mar a dh'fheumar
- 4) A' sgrùdadh adhartas buaidh gach poileasaidh is modh-obrach
- 5) A' brosnachadh suidheachadh co-ionannachd is iomadachd
- 6) A' cumail is a' leasachadh compàirteachas le compàirtichean ro-innleachdail mar COPFS (Oifis a' Chrùin agus Seirbheis Luchd Casaid a' Chrùin), aonaidhean ciùirde agus buidhnean coimhearsnachd
- 7) A' sgrùdadh trèanadh ann an iomadachd

Agus anns an àm ri teachd *A' sgrùdadh adhartas a' Phlana Ghàidhlig*. (Bhiodh seo an urra ri Aonad nan Seirbheisean Corporra).

b) Buidheann Comhairleachaidh Coimhearsnachd

Chaidh a' Bhuidheann Comhairleachaidh Coimhearsnachd a stèidheachadh anns an Lùnastal 2008, agus 's e a tha fa-near dhith a bhith a' toirt còmhla buil de na diofar choimhearsnachdan anns a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan mar luchd-comhairleachaidh, nam measg riochdairean bho choimhearsnachdan Gàidhlig airson dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean agus cleachdaidhean na seirbheise a' toirt aithne do dh'fheumalachdan is miannan reusanta nan coimhearsnachdan ann an sgìre Poileis a' Chinn a Tuath. Tha seo cuideachd ri fhaicinn aig Ìre Roinneil far a bheil Buidhnean Gnìomha Coimhearsnachd ag obair airson coinneachadh ri iarrtasan is cùisean ionadail.

Àireamh sluaigh

Ann an cunntas sluaigh 2001 chaidh 92,400 neach a chlàradh aig an robh comas labhairt agus/air neo leughaidh agus/air neo sgrìobhaidh agus/air neo tuigse sa Ghàidhlig (1.9% de shluagh na h-Alba).

Ged a thàinig san fharsaingeachd crìonadh ann an luchd-labhairt na Gàidhlig anns a' chunntas sluaigh mu dheireadh, chaidh an àireamh de dhaoine comasach air bruidhinn agus air leughadh is sgrìobhadh am meud eadar 1991 agus 2001. Tha seo mar dhealbh air an fhàs ann an litearras na Gàidhlig agus sìor-mheudachadh àireamh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. A thuilleadh air sin, dh' fhàs àireamh na cloinne eadar 5 - 15 a tha fileanta ann an Gàidhlig eadar 1991 agus 2001. Tha e na phrìomhachas aig an Riaghaltas seo àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a chothromachadh aig ìrean 2001 aig àm cunntas sluaigh 2021.

Tha luchd-labhairt na Gàidhlig sgapte air feadh na h-Alba. Ge tà, tha beagan a bharrachd air an dàrna leth den fheadhainn a chaidh a chomharrachadh ann an cunntas sluaigh 2001 a' còmhnaidh anns na siorramachdan Gàidhealach. Tha Gàidhlig aig a' mhòr-chuid anns na h-Eileanan an Iar agus ann an sgìre Chille Mhoire san Eilean Sgitheanach ann an Comhairle na Gàidhealtachd.

Chan eil àireamhan cinnteach rin lorg airson inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig ach nach eil fhathast fileanta. Ge tà, lorg sgrùdadh nàiseanta ann an 1995 le Iain Galloway às leth Comunn na Gàidhlig gu robh mu thimcheall air 8,000 ann an Alba. A bharrachd air ionnsachadh aig astar, tha solarachadh ann airson luchd-ionnsachaidh

inbheachail anns a' mhòr-chuid den Ghàidhealtachd is de na h-Eileanan Siar. Gheibh neach sam bith a tha miannach air Gàidhlig ionnsachadh fiosrachadh bho Chli Gàidhlig an dàrna cuid bhon oifis aca no tron làraich-lìn aca www.cli.org.uk agus tha Comunn na Gàidhlig, buidheann leasachaidh na Gàidhlig a' tabhann fiosrachadh cuideachd dha buidhnean is gnìomhachasan coimhearsnachd a thuilleadh air fiosrachadh mun chànan is mu thachartasan Gàidhlig an dàrna cuid bhon oifis aca no tron làraich-lìn aca www.cnag.org.uk.

Tha grunn de bhuidhnean Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Poileis a' Chinn a Tuath m.e. Fèisean nan Gàidheal, buidheann a tha a' cumail taic ri meudachadh teagaisg anns na h-ealain Ghàidhlig tro fhèisean coimhearsnachd air feadh na h-Alba.

Foghlam – An Suidheachadh Nàiseanta

Tha foghlam mar aon de na roinnean far a bheil adhartas mòr air a thighinn o chionn beagan bhliadhnaichean. Tha an àireamh chloinne a tha ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) air èirigh bho 24 ann an 1985 gu 2312 anns a' bhliadhna sgoile 2010/2011. Bha 410 sgoilearan ann an FMG aig ìre àrd-sgoile anns a' bhliadhna sgoile 2010/2011. Chaidh 802 pàiste a chlàradh ann an sgoiltean àraich anns a' bhliadhna sgoile 2010/2011.

Bha 1,052 fileantach a' gabhail Gàidhlig mar chuspair agus 2,691 neach-ionnsachaidh aig ìre àrd-sgoile anns a' bhliadhna sgoile 2010/2011.

Tha àireamh nan oileanach ann an cùrsaichean Gàidhlig aig ìre colaiste no oilthighe air dol am meud cuideachd.

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' suidheachadh targaidean soilleir airson àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig thairis air na 35 bliadhna ri teachd, mar a leanas:

- 65,000 neach-labhairt agus 4,000 pàiste air an clàradh gach bliadhna ann an FMG ro 2021
- 75,000 neach-labhairt agus 10,000 pàiste air an clàradh gach bliadhna ann an FMG ro 2031
- 100,000 neach-labhairt agus 50,000 pàiste air an clàradh gach bliadhna ann an FMG ro 2041

A dh'aindeoin àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig san fharsaingeachd, faodar a bhith an dùil gun lean cùisean mar a tha iad an-dràsta, le barrachd litearrais, àrdachadh ann an àireamhan luchd-ionnsachaidh fhileanta agus leudachadh ann an FMG. Thig barrachd iarrtasan airson seirbheisean ann an Gàidhlig ri linn sin.

Ann an suidheachadh **foghlam ionadail ann an sgoiltean**, chithear meud na tha Comhairle na Gàidhealtachd (sgìre Poileis a' Chinn a Tuath) a' cur ri Gàidhlig ann am foghlam a-mhàin ann am figearan Bòrd na Gàidhlig airson 2010-2011. Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' libhrigeadh solarachadh airson:

- 33% de phàistean ro-sgoile na h-Alba ann an FMG
- 32% de phàistean bun-sgoile na h-Alba ann an FMG

- 34% de sgoilearan àrd-sgoile na h-Alba a' gabhail Gàidhlig mar fhileantaich
- 35% de sgoilearan àrd-sgoile na h-Alba ann an FMG a' gabhail chuspairean eadar-dhealaichte tro mheadhan na Gàidhlig, agus
- 51% de sgoilearan àrd-sgoile na h-Alba a' gabhail Gàidhlig mar luchd-ionnsachaidh.

Gàidhlig taobh a-staigh Seirbheis Poileis a' Chinn a Tuath

Nuair a chaidh Bile na Gàidhlig (Alba) 2004 fhoillseachadh choinnich riochdairean bho Poileis a' Chinn a Tuath ri Bòrd na Gàidhlig a bhruidhinn mu bhith a' leasachadh Plana Gàidhlig. Dh'iarr Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh mu na seirbheisean a bhathas a' tairginn ann an Gàidhlig aig an àm sin.

An-dràsta taobh a-staigh Poileis a' Chinn a Tuath thathas air na ceumannan a leanas a ghabhail mu thràth gus cudromachd na Gàidhlig adhartachadh is aithneachadh.

- Tha suaicheantas na Feachda dà-chànanach: Protect and Serve - Dion is Cuidich.
- Tha an t-àicheadh air gach post-dealain dà-chànanach.
- Chaidh an Aithisg Buileachaidh Poblach fhoillseachadh san dà chànan ann an 2009/10 agus tha dùil a leithid a thairgsinn a-rithist ma thèid iarraidh.
- Tha duilleag fiosrachaidh coitcheann air làrach-lìn na Feachda ann an grunn chànanan, Gàidhlig nam measg.
- Tha oifigearan a tha fileanta ann an Gàidhlig air a bhith stèidhichte aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail nuair a thathas ga chumail ann an sgìre Phoileis a' Chinn a Tuath.

Tha na h-àireamhan air a' chlàr a leanas ag èirigh bho fiosrachadh fèin-mheasaichte a thogadh bho luchd-obrach ann an sgrùdadh taobh a-staigh na Feachda. Fhuaras am fiosrachadh seo bho 311 neach-obrach.

'S ann aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail a-mhàin a tha Poileis a' Chinn a Tuath a' cleachdadh sgilean oifigearan fileanta mar phàirt de mhaoirseanachd coimhearsnachd. Aig an àm seo chan eil dreuchdan sònraichte ann dha oifigearan Gàidhlig airson a dhol an sàs ann an FME no anns na meadhanan ach is e seo raon a thèid a leasachadh nuair a lorgar luchd-obrach a bhios a' bruidhinn is a' cleachdadh Gàidhlig gu fileanta.

Deònach dèiligeadh leis a' phoball gu pearsanta no air fòn	279
Labhairt na Gàidhlig gu fileanta	12
Leughadh na Gàidhlig gu fileanta	14
Sgrìobhadh na Gàidhlig gu fileanta	9
Comas còmhraidh ann an Gàidhlig	28
Comas leughaidh ann an Gàidhlig	14
Comas sgrìobhaidh ann an Gàidhlig	10
Beagan comas còmhraidh ann an Gàidhlig	60
Beagan comas leughaidh ann an Gàidhlig	44
Beagan comas sgrìobhaidh ann an Gàidhlig	43
Bhiodh cothrom tuigse feumail	99
Cha bhiodh cothrom tuigse feumail	209
Dèidheil air Gàidhlig ionnsachadh/ a leasachadh	147
Gun ùidh Gàidhlig ionnsachadh/ a leasachadh	146

Tha dùil aig Poileis a' Chinn a Tuath an sgrùdadh a dhèanamh gach dàrnacha bliadhna.

An-dràsta agus as dèidh sgrùdadh eile tha 7 buill-fastaidh air innse gu bheil iad nan Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig agus tha ochdnar eile air aideachadh gum bu mhiann leotha Gàidhlig ionnsachadh. Thathas an dùil obrachadh còmhla ri buidhnean poblach eile gus goireasan teagaisg a chomharrachadh.

CAIBIDEIL 2 PRÌOMH DHLEASTANASAN

Tha Bòrd na Gàidhlig na Stiùireadh Reachdail air Leasachadh Planaichean Gàidhlig air cothroman cleachdaidh na Gàidhlig ann am beatha phoblach na dùthcha a chomharrachadh mar phrìomh cheum ann a bhith ga cleachdadh gu h-àbhaisteach. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean ann an libhrigeadh sheirbheisean a chomharrachadh dha buidhnean poblach nuair a bhios iad a' deasachadh am Planaichean Gàidhlig. Is iad:

Dearbh-aithne	dearbh-aithne chorporra soidhnichean
Conaltradh	fàilteachas fòn post is post-dealain foirmean, coinneamhan poblach beachdan agus gearanan
Foillsichidhean	dàimh phoblach agus na meadhanan stuthan clò-bhuailte làrach-lìn
Luchd-obrach	trèanadh cothrom ionnsachaidh cànan fastadh sanasachd

Faodaidh pàirt cudromach a bhith aig gach aon de na ceithir roinnean corporra sin ann an àrdachadh inbhe agus lèirsinneachd na Gàidhlig, agus ann a bhith cruthachadh cothroman gnìomhail airson luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Anns an earrainn seo den Phlana Ghàidhlig tha Poileis a' Chinn a Tuath a' foillseachadh an t-solarachaidh Gàidhlig a thèid a dhèanamh co-cheangailte ri na ceithir roinnean.

Nuair a bhathas a' beachdachadh air solarachadh na Gàidhlig a leasachadh sna roinnean sin ghabh Poileis a' Chinn a Tuath suim de na riaghailtean reachdail a tha air an ainmeachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus de stiùireadh a' Bhùird co-cheangailte ri deasachadh Planaichean Gàidhlig. Tha an stiùireadh a' sùileachadh gum bi, anns an fharsaingeachd, ruigsinneachd nas fharsainge agus dleastanasan nas treise aig Planaichean Gàidhlig a rèir meud luchd-labhairt na Gàidhlig.

Tha Poileis a' Chinn a Tuath ag obair air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan an Alba. Tha Na h-Eileanan Mu Thuath co-cheangailte ri na cànanan Lochlannach seach Gàidhlig. Air an làimh eile, tha mòran luchd-labhairt na Gàidhlig anns an Eilean Sgitheanach agus anns Na h-Eileanan an Iar a bharrachd air dilseachd làidir chultarach ri dùthchas na Gàidhlig. Ann an cuid de sgìrean bhathas a' cleachdadh na Gàidhlig roimhe ach tha an cleachdadh a-nis air tanachadh. Air sgàth sin bidh solarachadh Poileis a' Chinn a Tuath a thaobh na Gàidhlig a rèir suidheachadh gach sgìre le barrachd solarachaidh mar as motha luchd-labhairt na Gàidhlig. Nuair a chuireas Riaghaltas na RA crìoch air a' chunntas-sluaigh a tha a' gabhail a-steach sgrùdadh cànanach ann an Alba, gheibh

Poileis a' Chinn a Tuath air comharrachadh nas fheàrr a dhèanamh air na seirbheisean is na sgìrean anns am bi am barrachd solarachaidh comasach is feumail.

Tha dleastanas air Poileis a' Chinn a Tuath airson cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh agus tha an earrann seo a' foillseachadh na h-ìre as lugha de sholarachadh Gàidhlig a tha iad an dùil a thabhainn tro bheatha a' phlana seo. Is e toiseach-tòiseachaidh a tha sa Phlana Ghàidhlig seo agus tha Poileis a' Chinn a Tuath an dòchas a dhol thairis air na targaidean agus a bhith meudachadh an t-solarachaidh ceum air cheum tro bheatha a' phlana agus anns a' ghluasad gu Seirbheis Poileis na h-Alba.

Na Stiùireadh Reachdail, *Stiùireadh air Deasachadh Planaichean Gàidhlig*, tha Bòrd na Gàidhlig a' comharrachadh gur e a bhith a' cruthachadh na h-àrainneachd cheart airson cleachdadh na Gàidhlig sa bheatha phoblaich aon de na prìomh eileamaidean ann an ùrachadh cànan. Tha am Bòrd air ceithir roinnean ann an libhrigeadh seirbheise a chomharrachadh dha ùghdarrasan ionadail gus an dèilig iad riutha nuair a tha iad a' deasachadh Planaichean Gàidhlig.

Earrann 1 – Dearbh-aithne

Tha Poileis a' Chinn a Tuath ag aithneachadh cho deatamach is a tha e eòlas farsaing mun Ghàidhlig a chruthachadh, le ìomhaigh dhòchasach den chànan is le bhith a' brosnachadh cleachdadh.

Tha cùisean co-cheangailte ri dearbh-aithne agus suaicheantas corporra fhathast rin stèidheachadh dhan bhuidhinn shingilte, Seirbheis Poileis na h-Alba, a thèid a chruthachadh bho na h-ochd Feachdan a th' ann an-dràsta, agus mar sin 's e glè bheag de chothroman a th' ann airson atharrachaidhean mòra ann an dearbh-aithne Poileis a' Chinn a Tuath. Bhiodh slighe sam bith eile na ana-caitheamh de ghoireasan.

Tha Poileis a' Chinn a Tuath còmhla ri Feachdan eile agus buidhnean poblach an sàs ann an cùmhnantan solarachaidh nàiseanta airson nithean a tha iad uile a' cleachdadh mar èididhean, carbadan is eile. Tha seo a' cuingealachadh chothroman airson a bhith ag atharrachadh dearbh-aithne.

DEARBH-AITHNE AGUS SOIDHNICHEAN

Coileanadh	Targaid	Ceann-latha
Gàidhlig ri faicinn is ri cluinntinn gu nàdarra mar bhun-eileamaid ann an dearbh-aithne agus soidhnichean Poileis a' Chinn a Tuath	Dà-chànanas – Northern Constabulary / Poileis a' Chinn a Tuath logo. (gheibh h-uile soidhne is foillseachadh dà-chànanach co-ionannachd) Dheigheadh seo a thoirt gu buil tro mhodh-obrach airson comharrachadh is ùrachadh ann am prìomh àiteachan, m.e. san stèisean ùr poileis sa Ghearastan; gach leasachadh eile nuair a tha feum air ùrachadh.	Thèid adhartas na h-obrach seo a sgrùdadh san Ògmhios 2012.
	Cairtean luchd-obrach, bràistean, bileagan ceadachaidh dà-chànanach (ùrachadh ri linn gluasad gu Aon Sheirbheis Poileis ann 2013).	Faic gu h-àrd
	Bileagan ceadachaidh luchd-tadhail dà-chànanach nuair thèid an ùrachadh is air an cleachdadh gu cunbhalach.	Faic gu h-àrd
	Aithisg Measaidh Coileanaidh Poblach agus Plana Gàidhlig dà-chànanach.	Faic gu h-àrd
	Soidhneachan le Welcome/Fàilte ann an ionadan fàilteachaidh ann an Stèiseanan ainmichte mar eisimpleir ann am Prìomh Oifisean; Stèisean ùr a' Ghearastain, Steòrnabhagh, Ulapul, Malaig agus Port Rìgh.	Faic gu h-àrd
	Soidhneachan is fiosrachadh poblach dà-chànanach ann an ionadan fàilteachaidh mar a thèid an ùrachadh.	Faic gu h-àrd

Earrann 2 - Conaltradh

Tha Poileis a' Chinn a Tuath a' tuigsinn cho deatamach is a tha e cothroman a chruthachadh airson a bhith cleachdadh na Gàidhlig gu gnìomhach ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha dleastanas orra an solarachadh seo a mheudachadh.

FÀILTEACHAS

Coileanadh	Slatan tomhais	Ceann latha
Tha luchd-obrach Poileis a' Chinn a Tuath a' cur fàilte agus a' cuideachadh luchd-cleachdaidh na Gàidhlig	Notaichean-stiùiridh air suidheachadh na Gàidhlig ri làimh airson luchd-obrach	2012
	Notaichean-stiùiridh air mar a thèid dèiligeadh ri iarrtasan bho luchd-labhairt na Gàidhlig ri làimh airson luchd-obrach	2012

POSTACHD, POST-DEALAIN AGUS FOIRMEAN

POSTACHD, POST-DEALAIN – seirbheisean ann an Gàidhlig gan tabhainn gu gnìomhach.

Coileanadh	Slatan-tomhais	Ceann latha
Tha Poileas a' Chinn a Tuath a' cur fàilte air agus a' cur an gnìomh conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig	Gealltanais air a thoirt seachad a bhith brosnachadh bàidhealachd don Ghàidhlig air feadh na buidhne	2012
	Notaichean-stiùiridh air làimhseachadh iarrtasan bho luchd-labhairt na Gàidhlig ri làimh airson luchd-obrach	2013
	Aithneachadh ga thoirt dha litrichean ann an Gàidhlig	2013
	Roghainn aig luchd-obrach Poileis a' Chinn a Tuath fiosrachadh pearsanta a bhith dà-chànanach	2012
	Bileagan dùrachd a bhith dà-chànanach	Teamplaid ann an 2012
	Fo-sgrìobhainnean (air an cruthachadh gu nàdarach ann an conaltradhean corporra) air litrichean agus puist-dealain a bhith dà-chànanach.	Faic gu h-àird
	Susbaint dealanach air a chruthachadh gu nàdarach (leithid àicheadh ann am puist-dealain) a bhith dà-chànanach	An gnìomh
	Stòr-data deasaichte de dhaoine/bhuidhnean deònach litrichean fhaighinn ann an Gàidhlig	2013
	Nuair a gheibhear conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig tha Poileis a' Chinn a Tuath an dùil freagairt ann an Gàidhlig; thèid seo a leasachadh tro chomharrachadh luchd-obrach le sgilean iomchaidh airson na h-obrach seo a ghabhail os làimh.	2013

FOIRMEAN – Tha a’ mhòr-chuid de dh’ fhoirmean cumanta air an aontachadh gu nàiseanta agus mar sin ‘s e glè bheag de dh’ fhoirmean ionadail a bhios rin comharrachadh.

Coileanadh	Targaid	Ceann-latha
Tha bileagan iarrtais/tagraidh/ is stiùireadh Poileis a’ Chinn a Tuath dà-chànanach	Notaichean-iùil air a bhith a’ dèiligeadh ri iarrtasan bho luchd-labhairt na Gàidhlig ri làimh airson luchd-obrach. Ged a bhithear a’ gluasad anns an àm ri teachd gu foirmean nàiseanta, taobh a-staigh sgìre a’ Chinn a Tuath bidh an raon seo leasaichte fo bhratach na Gàidhealtachd is nan Eilean airson a bhith a’ cleachdadh is a’ gabhail ri foirmean Gàidhlig.	2013

COINNEAMHAN POBLACH

Mar thoradh air prògram gnàthaichte ath-leasachaidh a’ Phoileis tha structair ceart coinneamhan Seirbheis ùr Poileis na h-Alba fhathast ri aontachadh; mar sin tha na leanas stèidhichte air na tha an gnìomh an-dràsta.

Coileanadh	Targaid	Ceann-latha
Faodaidh buil den phoball pàirt a ghabhail ann an coinneamhan poblach nan roghainn cànan fhèin ann an sgìre Poileis a’ Chinn a Tuath.	Faodaidh coinneamhan poblach a chumail anns an dà chànan, Beurla is Gàidhlig, anns na h-Eileanan an Iar agus san Eilean Sgitheanach nuair a tha iad air an cur air dòigh ro làimh agus aontaichte le Ball de Bhòrd Poileis a’ Chinn a Tuath aig a bheil Gàidhlig agus bidh Oifigear Poileis fileanta ann an Gàidhlig an làthair.	2013

Earrann 3 - Foillsichidhean**DÀIMH PHOBLACH AGUS NA MEADHANAN**

Aig an àm seo chan eil Poileis a' Chinn a Tuath a' foillseachadh brathan-naidheachd no sanasan gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig.

Coileanadh	Targaid	Ceann-latha
Gàidhlig ri bhith air a faicinn is a cluinntinn mar bhun-eileamaid nàdarra den dàimh phoblach aig Poileis a' Chinn a Tuath	Am Plana Cànanain Gàidhlig air fhoillseachadh gu dà-chànanach thairis air gach raon obrach.	2013
	Brathan naidheachd dà-chànanach air son tachartasan ro-òrdaichte, m.e. Am Mòd Nàiseanta Rìoghail, agus nuair a tha ùidh shònraichte aig na daoine ann an sgìrean Gàidhealach sa chuspair.	2013
	Brathan naidheachd Gàidhlig rim faicinn air an làraich-lìn.	2013

STUTHAN CLÒ-BHUAILTE

Coileanadh	Targaid	Ceann-latha
Litreachas agus pàipearan Poileis a' Chinn a Tuath rim foillseachadh an Gàidhlig	Tha Poileas a' Chinn a Tuath a' cumail liosta de sgrìobhainnean foillsichte ann an Gàidhlig agus a' dèanamh cinnteach gum bi iad follaiseach agus ruigsinneach.	2013
	Leanaidh Poileis a' Chinn a Tuath a' foillseachadh Aithisgean Coileanaidh Seirbheise dà-chànanach air son 2011/12 agus 2012/13.	

LÀRACH-LÌN (Thèid cleachdadh na làraich-lìn Gàidhlig a sgrùdadh is a mheasadh)

Coileanadh	Targaid	Ceann-latha
Gàidhlig a bhith nas fhollaisiche air earrannan Gàidhlig is Beurla làrach-lìn Poileis a' Chinn a Tuath	Dreachan Gàidhlig de bhrathan naidheachd dà-chànanach air an cur air làrach-lìn na Gàidhlig	2013
	Fiosrachadh mun Phlana Gàidhlig air dreachan Beurla is Gàidhlig na làraich-lìn, còmhla ris a' Phlana Gàidhlig fhèin.	2013
	Fiosrachadh ùraichte gach mìos ga chur air an làraich-lìn Ghàidhlig mar a dh'fheumar.	2013

Earrann 4 - Luchd-obrach

Tha Poileas a' Chinn a Tuath a' tuigsinn cho deatamach is a tha brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a a-staigh is taobh a-muigh na buidhne is a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil cleachdadh riatanach no feumail. Tha Poileis a' Chinn a Tuath cuideachd a' tuigsinn cho cudromach is a tha e cothroman a bhith aig luchd-obrach air son sgilean Gàidhlig a thogail is a leasachadh.

An ceartuir chan eil dreuchdan sam bith taobh a-staigh na buidhne far a bheil cleachdadh na Gàidhlig sa chùmhnannt obrach no mar iarrtas riatanach. Anns a' ghluasad gu Seirbheis Poileis na h-Alba ann an 2013 thèid tuairisgeil obrach agus riatanasan dreuchd a leasachadh gu nàiseanta.

TRÈANADH LUCHD-OBRACH AGUS IONNSACHADH CÀNAIN

Coileanadh	Targaid	Ceann-latha
Taic ga thoirt do luchd-obrach Poileis a' Chinn a Tuath airson Gàidhlig ionnsachadh agus cothroman gan tabhainn airson sgilean Gàidhlig a chleachdadh san àit'-obrach.	Thèid inneal ionnsachaidh Gàidhlig a chruthachadh airson tuigse agus mothachadh mu Ghàidhlig a libhrigeadh agus a bheir brosnachadh cuideachd don luchd-obrach Gàidhlig ionnsachadh agus an sgilean cànan a leasachadh.	2012
	Notaichean stiùiridh air a' Phlana Gàidhlig rin cuartachadh gu luchd-obrach is fiosrachadh ga thoirt dha luchd-obrach mu phoileasaidhean /modhan-obrach ùra co-cheangailte ri seirbheisean Gàidhlig.	2013
	Sgrùdadh ùraichte air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach.	2011
	Trèanadh mu Mothachadh na Gàidhlig ga thabhainn dhan luchd-obrach nach d' fhuair a leithid roimhe. Nithear seo ann an compàirt ri buidhnean-fastaidh poblach eile, nuair a bhios ionmhas da rèir.	2012
	Thèid am Plana Gàidhlig agus an t-inneal ionnsachaidh a thaisbeanadh do luchd-obrach agus oifigearan ann an trèanadh inntigidh.	2012

FASTADH AGUS SANASACHD

Thathas a’ fastadh luchd-obrach gu seirbheis a’ phoileis a rèir slatan-tomhais nàiseanta agus riaghailtean co-fharpaisean fosgailte agus cothromach. An ceartuir, chan eil poileasaidh foirmeil aig Poileis a’ Chinn a Tuath airson dreuchdan ainmeachadh a tha sùileachadh Gàidhlig.

Coileanadh	Targaid	Ceann-latha
Tha dreuchdan luchd-obrach a’ Phoileis ann an raointean comharraichte a’ gabhail a-steach eòlas mu agus sgilean ann an Gàidhlig ann an ‘Sònrachadh Pearsa’.	Poileasaidh foirmeil ri dhealbh le stiùireadh bho Bhòrd na Gàidhlig.	2013

CAIBIDEIL 3 – BUÀIDH POILEASÀIDH AIR GÀIDHLIG AGUS BUILEACHADH PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG**Buaidh Poileasaidh air Gàidhlig**

Tha e soilleir do Phoileis a’ Chinn a Tuath gun tèid na prìomhachasan ainmichte ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig an coileanadh tron Phlana Ghàidhlig againn. Ach nochdaidh cothroman cuideachd airson an cànan adhartachadh is a leasachadh tro mhodhan gnàthaichte poileasaidh. Sgrùdaidh Poileis a’ Chinn a Tuath dleastanasan gnàthaichte poileasaidh ach an lorgar raointean far an gabh Gàidhlig a cleachdadh gu gnìomhachail agus prìomhachasan ainmichte Plana Nàiseanta na Gàidhlig a ghabhail a-steach ann an dòighean nas fharsainghe. Tha sinn a’ meas gu bheil an t-adhartas seo a rèir na h-iomairt àbhaistich a tha ag amas air Gàidhlig a bhith mar phàirt de bheatha làitheil na h-Alba.

Ann an cruthachadh, ùrachadh agus sgrùdadh poileasaidhean, nì Poileis a’ Chinn a Tuath cinnteach gum bi a’ bhuidhe air Gàidhlig a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Cunntas air Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a’ comharrachadh ceithir raointean co-cheangailte de leasachadh cànan ris am feumar dèiligeadh agus an taobh a-staigh dhiubh sin thathas a’ suidheachadh grunn phrìomh raointean gnìomha.

1. Togail Cànan

Ag àrdachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith dèanamh cinnteach gu bheil i gluasad o ghinealach gu ginealach ann an teaghlaichean agus le bhith cur an gnìomh cothroman èifeachdach air son a h-ionnsachadh, tro:

- meudachadh cleachdadh is sgaoileadh na Gàidhlig san dachaigh
- meudachadh na h-àireamh chloinne a' togail Gàidhlig san dachaigh
- meudachadh àireamhan agus cothroman ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- meudachadh àireamh nan inbheach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig gu fileantachd.

2. Cleachdadh Cànan

Brosnachadh am barrachd feum de Ghàidhlig, a' tabhann cothroman cleachdaidh agus ag adhartachadh gnàthasan-cainnte na Gàidhlig, tro:

- leudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- leudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an àrd-fhoghlam agus ann an ionadan obrach
- leudachadh làthaireachd na Gàidhlig anns na meadhanan
- leudachadh brosnachadh na Gàidhlig anns na h-ealain
- leudachadh ìomhaigh na Gàidhlig ann an turasachd, dualchas agus ann an cur-seachadan.

3. Inbhe cànan

A' meudachadh follaiseachd agus cleachdadh na Gàidhlig; ag àrdachadh a h-aithne agus a' cruthachadh ìomhaigh bhàidheil dhi ann am beatha phoblach na h-Alba, tro:

- a' leudachadh àireamh nam buidhnean a tha a' deasachadh Planaichean Gàidhlig
- ag àrdachadh ìomhaigh agus cliù na Gàidhlig
- a' leudachadh follaiseachd agus aithne na Gàidhlig.

4. Corpus Cànan

A' neartachadh buinteanas is cunbhalachd na Gàidhlig agus a' brosnachadh rannsachadh sa chànan, tro:

- neartachadh buinteanas agus cunbhalachd cànan na Gàidhlig
- a' meudachadh inbheachd agus ruigsinneachd eadar-theangachaidhean na Gàidhlig
- a' leudachadh faotainneachd fios-rannsachaidh neo-mhearachdach.

Dleastanas ri Amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Le bhith a' toirt aithne dhan Ghàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dhualchas, aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-ama seo, tha dleastanas air Riaghaltas na h-Alba airson dèanamh cinnteach gum bi seasmhachd aig a' Ghàidhlig ann an Alba anns an àm ri teachd. Tha Poileis a' Chinn a Tuath ag amas air dèanamh cinnteach gun tèid Plana Nàiseanta na Gàidhlig a bhuileachadh, agus anns an earrainn seo tha iad a' cur an cèill mar a tha iad am beachd sin a choileanadh.

Buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Amasan:

1. Aonta fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig airson Plana na Gàidhlig ann an 2012 agus e bhith air a cho-cheangal ann am planaichean corporra agus gnìomhail Poileis a' Chinn a Tuath air son 2013
2. Foillseachadh Plana Gàidhlig gu dà-chànanach anns an Òg-mhios 2012 air taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne, tro chonaltradh dìreach le luchd-earrainne tro làraichean-lìn Beurla is Gàidhlig na buidhne agus tro bhrath-naidheachd nam meadhanan
3. Poileasaidh a dhealbh airson sanasan fastaidh a tha sònrachadh Gàidhlig mar sgil fheumail ro 31Màrt 2013
4. Soidhnichean dà-chànanach, cairtean gnìomhachais a bhith aig stèiseanan is oifisean poileis sònraichte bho 2012 nuair a thathas ag ùrachadh ghoireasan agus soidhnichean ùra aig togalaichean ùra, m.e. An Gearastan.

1. Togail Cànan

Tha Poileas a' Chinn a Tuath ag aithneachadh gu bheil seasmhachd na Gàidhlig san àm ri teachd an crochadh air barrachd luchd-ionnsachaidh agus gur e na prìomh dhòighean air seo a choileanadh a bhith a' cuimseachadh air Gàidhlig san dachaigh, anns na sgoiltean agus ann an solarachd airson inbhich miannach air Gàidhlig ionnsachadh. Ged nach eil foghlam no leasachadh ann an dealbh-obrach Poileis a' Chinn a Tuath faodaidh a' bhuidheann àrainneachd thaiceil a chruthachadh a mheudaicheas àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig an Alba le bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne, ann an conaltradh eadar luchd-obrach agus Buill a' Bhùird, agus ann an libhrigeadh sheirbheisean m.e. tadhail sgoiltean, sgaoileadh litrichean agus sgrùdadh co-chomhairleachaidh choimhearsnachd.

2. Cleachdadh Cànan

Tha Poileas a' Chinn a Tuath ag aithneachadh gu bheil a bhith a' cruthachadh seasmhachd dhan Ghàidhlig san àm ri teachd an urra ri, chan e a-mhàin, barrachd dhaoine a bhith comasach air a bruidhinn ach cuideachd cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh agus tha iad a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e cothrom a thoirt do

bharrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar mhodh-conaltraidh àbhaisteach ann an raon obrach a tha a' sìor mheudachadh.

- Gàidhlig san àit'-obrach: thèid brosnachadh a thoirt do chleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach agus gheibh luchd-obrach is buill a' Bhùird cothrom Gàidhlig ionnsachadh agus an sgilean Gàidhlig a leasachadh. Comharraichidh sgrùdadh an luchd-obrach roinnean airson leasachadh agus bithear a' cuimseachadh air pasgain trèanaidh ann an sgilean cànanain a dheasachadh dha luchd-obrach.
- Gàidhlig anns na Meadhanan: tòisichidh foillseachadh de sgrìobhainnean dà-chànanach agus leasachadh làrach-lìn na Gàidhlig ann an raointean sònraichte; thèid brathan-naidheachd agus sanasan dà-chànanach a thoirt a-steach rè beatha a' phlana.
- Tha am Feachd air aithneachadh roimhe, mun bhuannachd a tha tighinn bho bhith a' cur Oifigearan fileanta gun Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus leanar leis an iomairt seo (an urra ri prìomhachasan/goireasan) nuair a chumar am Mòd a-rithist ann an sgìre na Feachda. Tha na tachartasan sin uile a' neartachadh solarachadh na Gàidhlig anns a' bhuidhinn.
- Tha Poileis a' Chinn a Tuath a' tuigsinn an dleastanais a dh'fheumar air son Gàidhlig a leasachadh san àite-obrach agus thathas an dùil a bhith ag obair còmhla ri buidhnean poblach eile gus trèanadh a lorg dhan luchd-obrach aig a bheil ùidh ann a bhith a' leasachadh/ag adhartachadh an cuid Gàidhlig. Bheir seo cothrom dhan bhuidhinn leudachadh air na dlùth cheanglaichean a th'ann mu thràth leis a' choimhearsnachd.
- Tha grunn oifigearan air comharrachadh gu feumar barrachd feum a dhèanamh de dh' oifigearan a tha fileanta ann an Gàidhlig, mar eisimpleir, agallamhan le na meadhanan, a' tadhal air sgoiltean Gàidhlig is eile. Thathas an dùil barrachd leasachaidh a dhèanamh air an seo le bhith a' comharrachadh oifigearan agus luchd-obrach a tha deònach is comasach air pàirt a ghabhail anns an t-seòrsa seo de dh'iomairtean coimhearsnachd is tadhailean is agallamhan a chur air chois mar a bhios iomchaidh.

3. Inbhe Cànanain

Tha Poileis a' Chinn a Tuath ag aithneachadh gu bheil inbhe cànanain an crochadh gu mòr air làthaireachd anns an àrainneachd làitheil agus air an ìre gu bheilear ga cleachdadh, ga luachadh, agus ga faicinn luachmhor do na buidhnean aig a bheil buaidh mhòr air a' bheatha làitheil. Tha a' bhuidheann ag amas air inbhe na Gàidhlig àrdachadh ann an dearbh-aithne chorporra, conaltradh, foillsichidhean agus luchd-obrach.

- Chaidh am Plana Gàidhlig reachdail seo a dheasachadh fo bhratach slatan-tomhais Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e cur an cèill mar a chleachdas Poileis a' Chinn a Tuath a' Ghàidhlig agus mar a bheir iad cothrom a cleachdadh an co-cheangail ri dearbh-aithne chorporra, conaltradh, foillsichidhean agus luchd-obrach.
- A' cruthachadh iomhaigh dhòchasach don Ghàidhlig: nuair a thathas a' libhrigeadh seirbheisean ann an Gàidhlig ni Poileis a' Chinn a Tuath

cinnteach gu bheil na seirbheisean sin co-ionann ann an gnè is inbheachd ri nì sam bith ann am Beurla.

- Follaiseachd mheudaichte dhan Ghàidhlig: gheibh Beurla agus Gàidhlig an aon fhollaiseachd ann am foillsichidhean is stuthan sanasachd.
- Thèid sgrùdadh a dhèanamh air buaidh phoileasaidhean no iomairtean ùra gus dèanamh cinnteach nach toir iad droch bhuaidh air cleachdadh na Gàidhlig agus far an urrainnear nithear cinnteach gur e piseach a thig asta.

4. Corpus Cànan

Tha Poileis a' Chinn a Tuath ag aithneachadh gu feumar freagarrachd agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, agus cho cudromach 's a tha e seirbheisean eadar-theangachaidh a bhith ann agus rannsachadh mun chànan a bhrosnachadh.

- Eadar-theangachadh agus mineachadh na Gàidhlig: Neartachaidh Poileis a' Chinn a Tuath freagarrachd agus cunbhalachd na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi foillsichidhean agus goireasan eadar-theangachaidh daonnan aig àrd-inbhe
- Nithear cinnteach gun tèid sàr sheirbheis eadar-theangachaidh is mhìneachaidh a chleachdadh mar a dh'fheumar
- Cumaidh foillsichidhean ri prionnsapalan Briathrachas na Gàidhlig (GOC)
- Bidh ainmean àite ann an Gàidhlig ceart agus cunbhalach tro bhith a' cleachdadh Ainmean Àite na h-Alba (AAA), compàirteachas comhairleachaidh nàiseanta air son ainmean-àite Gàidhlig ann an Alba.

CAIBIDEIL 4 BUILEACHADH IS SGRÙDADH

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil air son bliadhna bhon cheann latha seo no gus an tèid Plana ùr a chur na àite. Ann an Caibideil 2 (*Prìomh Dhleastanasan*) agus Caibideil 3 (*Buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig*). Thathas air cinn latha cuimseachaidh eadar-dhealaichte a chomharrachadh airson dleastanasan sònraichte.

A' Foillseachadh a' Phlana

Thèid Plana Gàidhlig Poileis a' Chinn a Tuath fhoillseachadh gu dà-chànanach air làrach-lìn na Feachda. A bharrachd air sin nì am Feachd na leanas:

- foillseachadh brath-naidheachd dà-chànanach a' toirt iomradh air a' Phlana
- lethbhric dà-chànanach den Phlana rim faighinn ann an oifisean poblach is àrainnean fàilteachaidh na Feachda
- fiosrachadh mun Phlana dà-chànanach ga thoirt dha luchd-obrach tro eadra-lion na Feachda
- lethbhric den Phlana dà-chànanach gan sgaoileadh gu buidhnean co-phàirteach
- lethbhric dà-chànanach den Phlana gan sgaoileadh gu buidhnean Gàidhlig
- lethbhric dà-chànanach den Phlana gan sgaoileadh gu buidhnean eile a nochdas ùidh
- lethbhric dà-chànanach den Phlana gan sgaoileadh mar a thèid an iarraidh.

Rèiteachadh rianachail: Buileachadh Plana na Gàidhlig

Bidh Plana na Gàidhlig mar phoileasaidh aig Poileis a' Chinn a Tuath agus thèid a sheulachadh le buill a' Bhùird agus Àrd-chomhairle na Feachda.

Prìomh Dhleastanas:

- Bidh prìomh dhleastanas air an Àrd-chonstabal air son dèanamh cinnteach gum bi Poileis a' Chinn a Tuath a' coileanadh nan dleastanasan a tha suidhichte sa Phlana Ghàidhlig seo.

Luchd-obrach fa leth:

- Thèid fiosrachadh a thoirt don luchd-obrach gu lèir mu mar a gheibh iad lethbhric den Phlana Ghàidhlig a chaidh aontachadh.
- Thèid fiosrachadh a thoirt don luchd-obrach gu lèir mu mar a gheibh iad notaichean-stiùiridh air cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach.
- Thèid measadh a dhèanamh air luchd-obrach aig a bheil amasan co-cheangailte ri buileachadh a' Phlana Ghàidhlig a rèir mar a choileanas iad na h-amasan sin.

Seirbheisean air an libhrigeadh le treas phàrtaidhean:

- Ron Ògmhios 2013 cuiridh a' bhuidheann ri chèile liosta de threas phàrtaidhean a tha airson a bhith a' conaltradh ann an Gàidhlig.

Toirt fiosrachadh do bhuidhnean eile mun Phlana

- Foillsichidh Poileis a' Chinn a Tuath am Plana Gàidhlig gu dà-chànanach air làrach-lìn na Feachda.
- Bheir Poileis a' Chinn a Tuath fiosrachadh dhan fheadhainn rim bi iad a' conaltradh agus dha buidhnean neo-eisimeileach eile bhon taobh a-muigh agus dha threas phàrtaidhean mu fhoillseachadh a' Phlana Gàidhlig.
- Nì Poileis a' Chinn a Tuath na leanas: geàrr-iomradh air dleastanas na buidhne dhan Ghàidhlig; comharrachadh air a dhleastanas airson amasan Plana na Gàidhlig a choileanadh agus lorgaidh iad co-obrachadh airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh mar chànan gnìomhachais.

A' goireasachadh a' Phlana

- Thèid obair àbhaisteach a ghabhail a-steach is a ghoireasachadh tron chùmhnannt eadar Poileis a' Chinn a Tuath agus Co-bhòrd Poileis a' Chinn a Tuath.
- Bidh iomairtean sònraichte co-cheangailte ri buileachadh a' Phlana a' cur feum air maoin a bharrachd.

A' Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana

- Mar phàirt de ghrùnn aithrisean air obair chorporra na Feachda, thèid Plana na Gàidhlig 2012-2013 a sgrùdadh le Àrd-chomhairle na Feachda agus Co-bhòrd Poileis a' Chinn a Tuath.
- Thèid aithisg mu leasachadh is bhuileachadh a' Phlana a chur gu Bòrd na Gàidhlig dà uair sa bhliadhna.
- Faodar ceist sam bith a thaobh coileanadh a' Phlana bho latha gu latha a chur gun neach ainmichte gu h-ìosal.

Mu dheireadh tha e cudromach gum bi am Plana sùbailte gu lèor gus am bi am Feachd, san àm ghluasadach seo, comasach air dèiligeadh ri suidheachaidhean caochlaideach agus leasachaidhean taobh a-staigh beatha a' Phlana agus gun toir am Plana cothrom don Fheachd gabhail ri suidheachaidhean a dh'fheumas sùbailteachd làimhseachaidh is libhrigidh.

Neach Ainmichte:

Superintendent John Darcy
Corporate Services
Policy and Co-ordination Unit
Police headquarters
Old Perth Road
Inverness
IV2 3SY
Tel – 01463 720394